

Hall 195 h.1(1-22)

National Library of Scotland



\*B000274327\*

## FRIENDLY ADVICE.

# EARAIL DHURACHDACH AGUS CHAIRDEIL.


Mo Charaid Ionmhuinn,—Cedaich do neach aig am bheil fìor ghràdh dhuit, 's leis 'm bu mhaith gu'n soir-bhicheadh do ghnothaiche araon aimsireil agus siorruidh, labhairt riut mu'n aon ni a's ro-fheumaile agus a's cud-thromaicche. Theagamh gu'n do smaointich thu le cùram suidhicht' air roimhe so; ma smaointich faodai'tu, air dhuit a léughadh, an leabhar beag so 'thoirt do h-aon air bith dheth d' choimhearsnaich a shaoileas tu d'am faod e bhi tarbhach. Ach mur do ghabh thu riamh na nithe sin gu cridhe, guidheam ort, nam bu mhaith leat a bhi sona' ré siorruidheachd, smaointich air na th'air a chur sios 'san leabhar bheag so, agus smaointich le dùrachd; lèugh e rìs agus a ris; agus gu'n deanadh an Tì sin a chruthaich thu chum a ghlòire féin a dhaingneacha' gu domhain air do chridhe, 's gu'n deònaicheadh e dhuit a bheannachd gu còmhnuidh 'ghabhail maille riut gu bràth!

Is ro mhòr an t-aobhar bròin leam a liuthad seorsa peacaidh a tha 'buadhachadh 'san tìr am bheil sinn a' chòmhnuidh, a' toirt claoih agus truaighe air miltean dheth 'n luchd-àitich; agus tha eagal orm 'na léur-sgrios do mlioran fad ùine agus ré siorruidheachd.

Cia gnàthaichte 'm peacadh a bhi tric 'san tigh-òsda 's ag òl dhramanna; cha'n e 'mhàin sin, ach nach 'eil e ro-ghnàthaichte le neach a bha a' saoth'reach'a' gu dichiol-lach ré beagan làithean, agus aig deireadh na seachduin a gheibh a luach-saoithreach, an ni bu chòir teachdan-

tìr fhaotainn d'a theaghlaich, ruith air falbh do'n tigh-òsda, òl gus am bi e gu buileach air an daoraich, agus an sin air dhà e fein fhàgail air bhèag comais smaointeachaидh no toirt fa'near, fanaidh e a' struidheadh air falbh a' chuid airgid, an uair is éiginn d'a chloinn aim-beartaich thruaigh, agus, math a dh' fhaoidté, bean lag easlainteach, an dàrna cuid teachdantìr fhaighinn air dàil, air nco bàsachadh a' chion a bhìdh. Tàirnidh a phòit e mar an cèudna chum na cuideachd a's measa, agus bheir i air co'-chaidreamh dlùth bhi aige ris a mhuinntir a's ro thruailli' agus a's neo-mheasarra gnàth-achadh is cliù. Cuiridh i uigh air n-uigh as d'a shláinte; ach ni gu mòr a's measa, tha i'na peacadh 'an aghaidh Dhié, agus uime sin a' fagail a phòit-fhir buailteach do thruaighc shìorruidh. Tha focal na firinn a' cur an céill, nach sealbhaich "luchd-striopachais, no adhaltraichean, no pòit-fheara, rioghachd Dhé."

Tha bhi a' tabhairt ainm an Tighearn 'an dìomhanas agus mionnan an-diadhaidh, 'na chleachdad a tha mar an cèudna anabarrach cumant'aig mòran dhaoine; ach thubhairt an Tighearna "nach measar neo-chiontach esan a bheir 'ainm an dìomhanas." Is peacadh mionnan do'n seorsa's duaichni'; oir ciod an leith-sgeul a dh' fhaodar a ghabhail a's urrainn a choire lugh'dachadh? Ma mhionnaicheas neach a' chionn gu'm bheil sin coit-chionn, cha dean e ach a chiont'an-tromachadh; ma mhionnaicheas e'm beachd gur h-ann leis a's dòcha daoin'eile'ga chreidsinn, nach 'eil e coltach an neach a mhionnaicheas agus a labhras toibheum, gu'n labhair e na brègan mar an cèudna? Neach air bith a ghnàth-aicheadh mionuan mi-naomh mar dhearbhadh air a chainnt, cho'-dhuininn air ball gur h-i'bhrèug a bh'aig' an duine, 's e a' fèuchainn ri falach a chuir oirre le toibheum. Tha cuid a dh' oidheirpicheas leithsgeul a ghabhail air son am mioun, le rà' gu'n robh iad air am brosnachadh agus bhàrr an saoid, math a dh' fhaoidte ann an àirde-feirge, no boile. Ach am bheil sin a' mathacha' na cùise? nach h-ann a tha e a' mèudacha' na cionta? Cha'n urrainn leithsgeul a bhi air son mhionn; is e th'ann a bli'g àbhachd ri ainm an Dé shìorruidh, 's ag cur an anma'n cunnart lèur-sgrios bith-bhuan.



Ni eile a tha 'na mhàthair-aobhair aig ioma' truaighe 'se bhi a' briseadh na Sàbaid. Tha iad lìonmhòr, tha eagal orm, nach 'eil ach ainmig, theagamh nach 'eil idir a' frith-ealachd air àite sam bith aoraidh, ach a ta cuir seachad an latha an dàrna cuid ri ceannachd, reiceadh, dol a shealltuinn chàirdean no luchd-eòlas, air neo ann an seanachas an-saoghalta gu'n bhrigh maille ri'n coimh-earsnaich. Tha Dia ag iarruidh an t-Sàbaid a bhi air a coimhead naomh. Ach mo thruaighe! le mòran dhaoine tha e air a ghleidheadh 'na latha aingidh ni's mò na là air bith eile; 'na latha sònruichte chum a bhi air a bhuileacheadh ann an an-diadh'achd is am peacadh. Bha e gu minic air a thoirt fa'near mu na daoine mi-fhortanach ud a chaidh a dhíeadh le lagh an dùthcha gu bas follaiseach agus nàrach fhulang, gu'n d'aidich iad 'san àm sin le bròn gur h-e mi-naomhach'a' na Sàbaid bu mhathair-aobhair d'an uile thruaighean, agus an ni sin a thug iad fa dheireadh gu crìch mhuladaich.

A charaid ionmuinn, tha agad anam neo-bhàsmhor! anam a dh' fhèumas a bhi beo gu sìorruidh, an dàrna cuid a' mealtuinn an t-sonais a's iomlaine, air neo a' fulang na truaighe agus na dòruinn a's mo! Rinn Dia thu comasach gu èolas a ghabhail air, gràdh agus seirbhis a thoirt dà ann 'san t-saoghal so, agus gu còmhnuidh ghabhail 'na làthair-san, 's a dheadh-ghean a mhealtuinn 'na rioghachd fein. Ach cia mar a bha do bheatha-sa air a caitheadh? Nach robh do ghniomhara mi-naomha? nach robh do chaithe-beatha truailli', talmhaidh, agus feòlmhor? Nach d'fhuair do nàdar coirbte, 's d'ana-mianna làmh-an-uachdar ort? Nach robh òrduighean Dé air an cur an neo-brìgh, agus nach d'rinn thu dearmad air 'aoradh? No, ma thuit leat air uairibh dol a dh'àite 'san robh aoradh, nach do tharruing thu dlùth do Dhia le d' bhilibh, am feadh a bha do chridhe fad'uaithe? Cha d'thug thu aoradh dha ann an Spiorad agus am firinn. Bha do Bhìobal 'na leabhar air a dhearmad; an t-ionmhas naomha sin a's luachmhoire na uile bheairteas nan Innsean, bha e air a thilgeadh a thaoibh agus air a dhìmeas; agus a's dòcha gur h-iad na cairtean, no na disnean a's bidheanta' bh' air an gnàthachadh. Bha t-ùin' air a caitheadh ann an amайдeachd, an àite bhi a'

rannsachadh teisteis na firinn, agus a' gabbail tlachd ann an lagh Dhé.

Is ni cínnteach nach deachaidh tu cho fad' air d' aghaidh ann an aing' eachd gun chàil-eigin do ghèur-agartas coguis air son do chion mothachaidh, agus ni-éigin a dh'eagal uamhasach a thaobh do chunnairt. Thug Dia gairm dhuit le 'Spiorad, a bha air uairibh gu ro-chumhachdach a' stríriut. Dh'fhaoit' air uaireabh 'an àm a bhi'g éisdeachd searmoin, gu'n d'rinn i drùghadh air d' inntinn, agus gu'n do chuir thu ann an càil-eigin romhad gu dùrachdach peacadh a thréigsinn agus pil-leadh ri Dia; no 'nuair a chuir an Tighearna trioblaid a' d'theaghlaich, gu'n do chuir thu seòrsa do cheangal suidhicht' ort féin gu'n deana' tu seirbhis dà. Ach gu sònruichite ma thàinig am bàs a steach do t-aite còmh-nuidh, 's gu'n robli h-aon dheth d'theaghlaich air a spionadh uait, am feadh a bheachidaich thu air a chorpa uain-nèulach, còmhdaichte le aodach-mairbh, bha d-anam air a mhosgladh suas; bha siorruidheachd, siorruidheachd uamhasach air a taisbeanadh direach fa d' chomhair, agus chuir thu romhad an sin fàs a'd' chrèut-air nuadh. Ach c'ait a nis am bheil gach deadh rùnsuidhichte 'bl'agad? C'ait am bheil gaoh dùrachd diadhaidh? Am bheil iad uile air an dtì-chuimhneachadh. Agus am bheil thu fhathast a'mireag air bruaich na doimhne mòire? O gu'm mosgla'tu o d'shuain, agus gu'm pille'tu ri Dia, an t-eagal gu'm bi thu caillte gu siorruidh!

Mar charaid dileas leis am miann gu'n éireadh gu maith dhuit 'san t-saoghal so agus anns an t-saoghal aig nach bi crìoch, comhairlicheam dhuit gu dùrachdach suim a ghabhail do na nithe sin. Smaointich air do chaithe-beatha 'san aimsir a dh'fhalbh—air do staid 'san àm—air neo-chinnteachd ùine—agus air cho uamhasach 's ata siorruidheachd. Ma'se 's gu'm bheil gu mi-fhortanach gnothach agad ri comunn an-diadhaidh mar chompanaich, no ma tha thu cleachdad a bhi'n cuid-eachd an leithide, "thig a mach asda, bithibhse deal-aichte;" agus mur'eil iad toileach imeachd maille riut air an t-shlighe gu nèamh, fèuch nach imich thusa maille riusan anns an t-sligte a tha treòrachadh gu lèur-

sgrios. Cuir cùl ris gach uile pheacadh! cuir thu fein fuidh' cheangal suidhichte mar an làthair an Tì sin fa' chomhair am fèum thu bhi air do nochdad latha 'bhreitheanais, gu'n dean thusa 'mach uaithe so aing'-eachd a thréigsinn. Cia air bith mar a bha thu'd thraig do'n pheacadh, gairm air Dia ann an ùrnaigh dhùrachdaich, agus cluinnidh e do ghlaodh, agus bheir e saorsa dhuit. Lèugh do Bhìobal; agus lèugh e le ùrnaigh, chum's gu'm bi d'inntinn air a soillseachadh, do bharailibh, air an cur ceart, do chridhe air a chur am feabhas, agus g'un tuige' tu gu soilleir ciod i toil Dé. Oidhearpich earrann-éiginn do d' Bhìobal a léughadh gach aon là; agus mar a's mò a lèughas tu, is ann a's mo a bheir thu'spéis do leabhar Dhé.

Tha e mar fhiachaibh ort mar an cèudna fritheala' gu riaghailteach air ait-éiginn'sam bi aoradh. Cha'n 'eil mi a' gabhail orm fein seòladh 'thoirt duit c' àit an còir dhuit dol; codhiù's ann do'n Eaglais, a Choinneamh, no àite sònruichte sam bith eile do'n t-seòrsa; ach far am bheil focal Dé gu soilleir agus gu dileas air a shearmonadh, agus far am bheil e coltach gu'm faigh thu'n tairbhe's mo; a' dearbhadh an ni' chluinneas tu le focal Dé, chum's gum frèumhaich e gu domhain ann ad chridhe.

Tha e mar ni ceangailt' ort cuideachd aoradh suidhichte fhaighinn a'd' theaghlach. Ma tha clann no seirbhisich agad, nach 'eil fhios agad gu'n iarrar cùnnatas uait latha 'blireitheanais ciod an cùram a ghabh thu dhiubh; cha'n e 'mhàin do chùram a thaobh am maith aimsireil, ach air son an anamaibh neo-bhàsmhor? Am bi iad air an call gu bith-bhuan le d' mhi-chùramsa, no le d' dhroch eisiomplair? An urrainn e gun a bhi 'na chùis-smaointeachaidh eagalach do dhroch phàranta, gu'm bheil a' chlann a dhearb Dia ri 'chùram' an coslas a bhi caillte gu siorruidh le 'choire-san. Oh! cia uamhasach a dh'fhéumas a chràdh a bhi, 'nuair a choinnicheas e iad air làimh chì an Ard-Bhreitheimh, agus a mhallaicheas iad an latha 'san deach am breith d'a leithid a phàranta! Ach ma ghnàthaicheas tusa gach dìchioll air do chloinn a thogail suas ann an eagal Dé, agus mar sin gu'm bhi thu'd mheadhoin'na làimh-san 'chum an

deanamh sona' ré aimsir, agus an toirt gu glòir shiorruidh, ciod an t-aoibhneas do-labhairt leis an beachdaich thu air do shliochd 'nuair a chì thu iad air an glòrachadh, agus an taingealachd shòlasach leis an eigh thu 'mach, " Athair, féuch mise, 's a' chlann a thug thu dhomh."

Ma tha li-aon sam bith, an dèigh dha'n leabhar beag so 'lèughadh, a roighnicheas fanoid a dheanamh air diadh'achd, 's a chuireas 'an suarraicheas i, ag radh 'na chridhe, " co e an Tighearna, gu'n d'thugainn's urram dhà, no Iehobhah, gu'm biodh 'eagal orm? cuiream 'an cuimhne dhuit, gu'm bi do chuairt air thalanlh ann an ùine ghearr, glé-ghearr, air dol thairis; beagan tuille laithean a shiùbhlas gu luath, agus bithidh tu air t-àireamh a'm' measg nam marbh; agus an uair a bhitheas tu air do shìneadh air an fhuar-leaba 'bhàis, c' àit an sin am bi do dliimeas air diadh'achd, agus d' fhanoid mu ghnothaichibh na siorruiheadh? Faodaidh Dia gu ceart a radh, " ghairm mi, ach dhiùlt sibhse; shin mi 'mach mo làmhan, ach cha d'thug sìbhs' an aire; ni mis' uime sin gàire ri'r truaighibhse, ni mi fanoid 'nuair a thig 'ur n-eagal." 'Nuair a ghairmear thu gu cathair-bhreitheanais Dé, 's a dh'fhlèumas tu cùnnas a thabhairt air son do chaithe-beatha air thalamh, an urrainn thu seasamh aig an àm uamhasach sin? Nach dean nàir' agus gèur-àmhluadh do chòmhdaich? Nach bidh tu ullamh gu eiginheadh ris na creagaibh agus ris na beannta iad a thuitean ort, agus t-fhalach o fheirg Dhé a chuireas dìoghaltas 'an gnìomh air son peacaidh? Ach dòigh sam bith air do dhòn o'n fheirg sin cha'n urrainn a bhi ann; fèumaidh tu bhi air do thoirt làthair a dh'ain-deoin gu seasamh fa chomhair na cathair-bhreitheanais, a chum's gu'n cluinne' tu do bhinn dheireannach, 's gu'n imiche' tu gu peanas dòruinn shiòrruidh, " far nach bàs-aich a' chnuimh, agus nach d'théid an tein' as." Guidheam gu ro-dhùrachdach ort a smaointeachadh, codhiù a's fhearr toil-innlinn a pheacaidh àicheadh car ùine ghearr's a bhi gu suthainn sona' 'na dhéigh, no'thoil-inntinn a mhealtuinn ré tamuill's a bhi truagh gu siorruidh.

Ma's àill leat teicheadh o'n fheirg a ta ri teachd,

pilleadh ri Dia, agus imeachd 'san t-slighe aig a' bheil nèamh mar cheann-uighe, tha h-uile misneach agad gu d' bhrosnachadh a's comasach dhuit iarruidh. Gairm air Dia is bheir e spionnadh dhuit gu làmhan-uachdar fhaotainn air do pheacainne leis a' bheil thu air d'iath-adh mu'n cuairt. Maithidh e gu gràsmhor dhuit mar an cèudna gach aon pheacadh 'san robh thu ciontach riamh. Thug e seachad a Mhac, aon Mhac Iosa Criosd, gu bàs fhulang air do shon. Ghiùlain Iosa do pheacainne 'na chorp féin air a' chrann; agus le 'fhuil a dhòrtadh tha tobar air fhosgladh a chum gach uile pheacadh agus neo-ghloine ionnlad air falbh. Thugadh a bheatha mar éirig air son do hheatha-sa, agus trid 'fhulangais agus a bhàis-san faodai' tusa bhi beo gu siorruidh. Ged bu tu h-aon do na peacaich bu ro-ghràineile, cha chuir Dia cùl riut, ma thilgeas tu thu fein aig stòl a chas, agus éigheach ris air son tràcair. 'Chum misneach 'thoirt duit gu tarruing dlùth le muinglin tha e 'g ràdh', "Thigibh a nis agus riasanaichimid le 'chéile; ge do robh 'ur peacainne mar an sgàrlaid, bidh iad mar an sneachda, ge do robh iad dearg mar chorcar, bidh iad mar olann." Gabh an cuireadh gràsmhor a tha Dia a' toirt duit. Gun tuille moille 'dheanamh "pìll ris an Tighearn, agus nochdaidh e tràcair dhuit, agus ri 'r Dia-ne. oir bheir e maitheanas gu pailt." Na biadh eagal ort; tarruing dlùth do Iosa, 's cha chuir e cùl iut. Creid ann mar t-Iobairt-réitich agus t-Fhear-saoraidh, 's gabhaidh e thu ann an glacaibh a thiròcair; bidh t-uile pheacainne air am maitheadh dhuit; théid buaireas agus mi-shuaimhneas d'anma thionndadh gu sìth agus aoibhneas. An sin ni aingle gàirdeachas thairis air a mhac stròthail a phill, air dhà bli air a dheanamh réidh' ri 'Athair nèamhaidh, agus air a dheanamh subhach ann an gràdh an Fhir-shaoraidh.

A pheacairibh! rachaibh gu luath chum an Fhir-shaoraidh—teichibh—teichibh gu luath gu Iosa.—Tha Neamh 'ga 'r failteachadh—tha Ifrinn a' bagra'—tha Uin' a' ruith gu dian—tha 'm Bàs ag earalachadh—tha Siorruidheachd am fagus. Co 's urrainn cainnt a chur air cho cudthromach 's a ta Siorruidheachd! Ma thuit-eas sibh do shiorruidheachd gun iompachadh, tha sibh

cailte gu bràth. Ach a nis faodaidh sibh greim a dheanamh air tràċair. A nis tha maitheanas, làn mhaith-eanas, gu saor n-ur' tairgse. 'Se 'nis an t-am taitneach, agus is e 'nis latha na slàinte. Oh! gn'm b'urra' mi impi' a chuir oirbh gu gabhail ri slàinte am feadh 's a ta slàinte ri fhaotainn; le sin a dheanamh bìdh sibh sona', da rìreadh sona', ré 'ur n-uine 'sa bheatha so: ann an còmhrag a bhàis is sibhs' a gheibh buaidh, agus fa dheireadh coinnichidh sibh an t-iomlan do mhuinntir shaorta 'n Tighearna, anns na h-ionada còmhnuidh far am bheil aoibhneas bith-bhuan.

---

### GLASGOW:

*Printed by J. Niven & Son, Glassford Street,  
For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and Sold at their  
Depositories, 158, Trongate, and 99, Buchanan Street.  
And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depositories,  
6, East Register Street.*



